


# A' togail Alba Ùr: Ceartas ann an Alba neo-eisimeileach

BUILDING A NEW  
**SCOTLAND**



## Geàrr-chunntas

Tha am pàipear seo, an treas pàipear deug san t-sreath 'A' togail Alba Ùr a' mìneachadh molaidhean Riaghaltas na h-Alba airson ceartas ann an Alba neo-eisimeileach. Tha an aithisg shlàn a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Tha am pàipear seo a' cuimseachadh air siostam ceartais na h-Alba, a tha mar-thà gu ìre mhòr tiomnaichte, agus a' mìneachadh nam buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib làn chumhachdan tro neo-eisimeileachd. Bha Alba na uachdranas laghail fada mus robh tiomnadh cumhachd ann, agus chaidh seo a ghleidheadh ann an Achdan an Aonaidh 1707. Tha briteamhan, cùirtean, seirbheis casaid, cùirtean, agus buidhnean ceartais eile neo-eisimeileach aig an t-siostam ceartais mar-thà, a bharrachd air a phroifeisean laghail fhèin. A bharrachd air sin tha seirbheisean prìosain, poileis agus smàlaidh is teasairginn air leth ann.

Bhiodh neo-eisimeileachd a' ciallachadh gum b' urrainn do dh'Alba a h-uile co-dhùnadh a dhèanamh ann an raointean ceartais a tha glèidhte an-dràsta agus gum biodh co-dhùnaidhean poileasaidh agus obrachaidh uile suidhichte taobh a-staigh na h-Alba. Chruthaicheadh seo cothroman gus ceuman nas cuimsichte agus nas cruthachaile a chur an gnìomh airson cuid de na cùisean as dùbhlanaiche a tha mu choinneamh a' chomainn-shòisealta againn leithid drogaichean, cearrachas, agus eucoir eagraichte, le co-dhùnaidhean air an dèanamh a rèir suidheachaidhean agus feumalachdan sònraichte na h-Alba.

Bhiodh Alba neo-eisimeileach cuideachd na com-pàirtiche eadar-nàiseanta a tha fosgailte, gnìomhach agus adhartach le comas prìomh phàirt a ghabhail ann an cùisean ceartais thar chrìochan. Tro cho-obrachadh le ar com-pàirtichean eadar-nàiseanta, bheireadh Alba neo-eisimeileach air adhart na h-amasan co-roinnte againn, a' cluich ar làn phàirt ann a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain chruinneil gu sònraichte co-cheangailte ri ceannairc, eucoir shaidhbear agus droch eucoir eagraichte.

## Dòigh-obrach a thaobh ceartas

Tha Riaghaltas na h-Alba air Lèirsinn shoilleir a mhìneachadh airson Ceartas ann an Alba, a tha na dùthaich a tha cothromach, sàbhailte agus ath-leumach. Thar nam bliadhnaichean tha adhartas mòr air tighinn air iomadh raon air feadh siostam a' cheartais. Faodaidh Alba a bhith pròiseil às a seo, ach tha barrachd obrach ri dèanamh mar a chithear sna planaichean libhrigidh àrd-amasach againn.

Le Alba neo-eisimeileach bhiodh an làn raon de dh'innealan poileasaidh is gnìomh againn a dh'fheumar gus muinntir na h-Alba a chumail sàbhailte, a bhith a' togail air an eachdraidh làidir againn de bhith a' lùghdachadh eucoir agus a' cumail dhaoine sàbhailte bho chron. Bhiodh dealas an riaghaltais seo do dhòigh-obrach stèidhichte air còraichean daonna a' leudachadh thar gach taobh de cheartas a' dèanamh cinnteach gum biodh còraichean muinntir na h-Alba air an cumail suas a rèir nan inbhean eadar-nàiseanta as àirde, a' gabhail a-steach Cùmhnant Eòrpach nan Còraichean Daonna. Leanadh an siostam ceartais againn air a' cuimseachadh air ro-casg, eadar-theachd thràth, agus air ath-ghnàthachadh mar phrìomh thaobhan den dòigh-obrach poileasaidh. A bharrachd air sin, bhiodh e na phrìomhachas fhathast dòigh-obrach stèidhichte air an neach, fiosraichte le trauma a bhith ann, gus cuideachadh gus fulangas a lùghdachadh agus gus dèiligeadh ri fòirneart an aghaidh bhoireannaich is nigheanan.

## **A' dèanamh diofar**

Tha barrachd an cois neo-eisimeileachd na bhith a' togail nan structaran a tha a dhìth airson stàit. Tha am pàipear seo a' sealltainn grunn chothroman a tha ag èirigh bho neo-eisimeileachd a bheireadh cothroman ùra do dh'Alba dòigh-obrach eadar-dhealaichte a ghabhail, ann an raointean leithid droch eucoir eagraichte, gunnaichean agus trafaigeachd dhaoine.

Leigidh neo-eisimeileachd leinn ar dòigh-obrach slàinte phoblach a thaobh lùghdachadh fòirneart a leudachadh, far am bi sinn a' cur fòcas air casg - dìreach mar a tha e nas fheàrr a bhith a' toirt seachad banachdach an aghaidh galair, tha e nas fheàrr casg a chur air fòirneart na bhith a' freagairt air aon uair 's gu bheil e air tachairt. Bhiodh an dòigh-obrach seo air a leudachadh gu raointean a tha glèidhte an-dràsta leithid ath-leasachadh poileasaidh dhrogaichean. Tha na molaidhean againn cuideachd a' sealltainn mar a bhiodh eòlas air poileasaidh agus air obair air a thoirt còmhla gus dèiligeadh ri bagairtean mòra ann an dòigh a tha ag amas air na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh na h-Alba, agus mar a leasaichear an comas tèarainteachd is faisneis a dh'fheumar gus cur an-aghaidh bagairtean toinnte bho cheannairc agus ionnsaighean saidhbear.

## **A' neartachadh co-obrachadh**

Is e an lèirsinn aig Riaghaltas na h-Alba gun cuir Alba neo-eisimeileach tagradh a-steach airson a bhith na ball dhan AE a-rithist cho luath 's a ghabhas às dèidh neo-eisimeileachd. Dhèanadh ballrachd às ùr san AE cinnteach gum faigheadh Alba buannachd bho ruigsinneachd air na siostaman agus lìonraidhean a chaill sinn às dèidh Brexit.

Le neo-eisimeileachd, bhiodh Alba comasach air i fhèin a riochdachadh air an àrd-ùrlar eadar-nàiseanta, le suidheachan aig a' bhòrd aig Comhairle na h-Eòrpa, na Dùthchannan Aonaichte agus Interpol. Tro cho-obrachadh le ar com-pàirtichean eadar-nàiseanta, b' urrainn do dh'Alba neo-eisimeileach na h-amasan coitcheann againn a thoirt air adhart, a' cluich ar làn phàirt ann a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain chruinneil.

Thogamaid air a' mhodail shoirbheachail de cho-obrachadh le ùghdarrasan ann am pàirtean eile den RA agus air na dàimhean a th' ann mar-thà. Tha an siostam lagha fa leth againn agus an siostam ceartas eucorach sònraichte againn a' ciallachadh gu bheil rèiteachaidhean ann mar-thà a thaobh mar a bhios ar poileis agus ar luchd-casaid a' co-obrachadh thar crìochan nan uachdranas a th' ann mar-thà eadar Alba agus Sasainn agus Èirinn a Tuath.

## Co-dhùnadh

Tha a siostam laghail is ceartais fhèin air a bhith aig Alba bho na meadhan-aoisean. Tha iomadh neart agus soirbheachas againn air an tog sin, a tha a' toirt misneachd dhuinn gun urrainn dhuinn na h-eileamaidean eile a chur ris a dh'fheumamaid gus ceartas cothromach is èifeachdach a libhrigeadh ann an Alba neo-eisimeileach.

Tha Riaghaltas na h-Alba air lèirsinn shoilleir a chur air adhart airson Alba a tha cothromach, sàbhailte, ath-leumach, agus air prògram ath-leasachaidh àrd-amasach a stèidheachadh ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean thar roinn a' cheartais.

Le neo-eisimeileachd, b' urrainn dhan phrògram ath-leasachaidh àrd-amasach seo a bhith a' gabhail a-steach raointean far a bheil smachd aig Riaghaltas na RA aig an àm seo. Faodaidh na h-ullachaidhean làithreach bacadh a chur air comas a bhith a' co-thaobhadh poileasaidh, reachdas agus libhrigeadh gus dèiligeadh gu h-iomlan ri feumalachdan agus suidheachaidhean sònraichte na h-Alba.

Bheireadh neo-eisimeileachd comas dhuinn gus togail air na dàimhean a th' againn mar-thà, an dà chuid taobh a-staigh na RA agus gu h-eadar-nàiseanta, agus gus feadhainn ùra a chruthachadh, ag obair le dùthchannan eile mar cho-leithid co-ionann air na h-amasan ceartas coitcheann againn.

© Riaghaltas na h-Alba, 2024

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Giblean 2024

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,  
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1447206 (04/24)